

A Mhàiri Bhàn gur barrail thu

Gleus F

Le Donnchadh Bàn



r , d | l . - , r : r . - , m | f , f . - : f . - , l | s , f . - : m , r . - | d . - , r : m

A — Mhàiri Bhàn gur barrail thu, 'S gur barraicht' air gach seòl — thu

6

. m | l . - , r : r . - , m | f , f . - : f . - , l | s , f . - : m , m . - | r : r

O'n thug mi gaol cho daingeann duit, 'S mi d'fharraid anns gach còmh - dhail.

11

(. m) | f . - , s : l . - , d' | l , s . - : f . - , l | s . - , f : m . - , r | d . - , r : m

Is earbsach mi a d'cheanaltas, na fhuair mi chean' ad chòmh - radh,

16

. m | l , r . - : r . - , m | r , d . - : l . - , s | l . - , l : d , m . - | r : r

Nach urrainn càch do mhealladh uam, An dèis do gheallaidh dhòmh-sa.

2. Is chuala mi mar shean-fhacal
 Mu'n darach, gur fiodh còrr e,
 'S gur geinn dhe fhèin g'a theannachadh,
 A spealtadh e 'na òirdnibh;
 'S mi 'n dùil a rèir na h-ealaidh sin,
 Gur math leat mi bhi d'sheòrsa,
 Nach tràig thu mi, 's gum faigh mi thu,
 Le bannaibh daingeann pòsaidh.

3. 'S a nis nam faighinn mar rium thu.
 Cha leanainn air an t-seòl sin,
 Dhèanainn àiteach fearainn,
 Is crodh-bainne chur mu chrò dhuit,
 Mharbhainn iasg na mara dhuit.
 'S am fiadh 'sa bhealach cheòthar
 Le gunna caol nach mearachdaich,
 'Sa mhealladh fear na cròice.

Gaelic vowel values and stresses take precedence over musical notation.